

A Dhè bheò,  
is ann tron chrann-ceusaид agus tro aiseirigh do Mhic  
a tha thu a' foillseachadh dhuinn do rùin.  
Deònaich dhuinn creideamh,  
gus an gabh sinn ris a' chrann-ceusaيد,  
agus gum bitheamaid beò ann an solas na h-aiseirighe.  
Deònaich dhuinn tuigse, agus earbsalachd nuair nach eil sinn a' tuigsinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
is ann tron chrann-ceusaيد agus tro aiseirigh do Mhic  
a tha thu a' foillseachadh dhuinn do rùin.  
Tha sinn ag aideachadh gu bheil sinn ro bhualteach a dhol air seachran, air tòir  
rudan a nì ar mealladh.  
Cuidich sinn, gus am bi ar ar n-aire ort-sa,  
a' cumail ar suilean air ceannard agus fear-crìochnachaidh ar creideimh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
is ann tron chrann-ceusaيد agus tro aiseirigh do Mhic  
a tha thu a' foillseachadh dhuinn do rùin.  
Tha thu gar gairm a bhith nar seirbheisich,  
mar a bha Crìosd fhèin na sheirbheiseach air ar sgàth.  
Teagaisg dhuinn nàdar an t-seirbhuisich,  
on Tì a thug a bheatha fhèin mar èirig airson mhòrain.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
is ann tron chrann-ceusaيد agus tro aiseirigh do Mhic  
a tha thu a' foillseachadh dhuinn do rùin.  
Cuidich sinn gus an aithnich sinn do chlann nar measg,  
oir is e tiodhlacan od làimh a th' annta uile.  
Gabhamaid riutha ann an coimhairsnachd ar creideimh.  
agus mar sin, gabhaidh sinn ri Crìosd fhèin nar measg.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.